



Tiotal: Dèan gu math e

Pàirt 1: An dàimh a tha mi ag iarraidh

Ire: ÀRD

Ceanglan CfE

A thaobh a' Churraicealam airson Sàr mhathas tha an ire seo a' leudachadh agus a' cur ris na chaidh ionnsachadh aig a' Cheathramh ìre.

Eòlasan agus builean	Slatan-tomhais
<ul style="list-style-type: none"> Tha mi a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e a bhith a' faighinn spèis agus a' toirt spèis do dhaoine tro dhàimhean, agus 's urrainn dhomh innse carson. HWB 4-44a Tha mi a' tuigsinn, agus 's urrainn dhomh mìneachadh, cho cudromach agus feumail 's a tha dìlseachd, earbsa agus spèis ann an dàimhean gaolach agus gnèitheasach. Tha mi a' tuigsinn nan diofar cho-theacsan co-cheangailte ri dàimhean mar sin, nam measg pòsadh. HWB 4-44c Tha mi a' tuigsinn gum faod cumhachd a bhith an taobh a-staigh dhàimhean agus gum faod sin a bhith air a chleachdadhbh ann an dòigh mhath cho math ri dòigh dhona. HWB 4-45a Tha mi a' faighinn sgilean airson co-dhùnaidhean a dhèanamh mu dhàimhean agus dol-a-mach ghnèitheasach. 'S urrainn dhomh iad sin a chur gu feum ann an suidheachaidhean dùbhlachanach no doirbh. HWB 4-46c Tha mi a' beachdachadh air mar a bheir mo bheachdan, chreideasan, luachan is moraltachd buaidh air mo chodhùnaidhean mu chàirdeas, dhàimhean is dhol-a-mach ghnèitheasach. HWB 4-46a 	<ul style="list-style-type: none"> A' daingneachadh carson a tha dìlseachd, earbsa agus spèis aig meadhan càrach dhutsa agus do dhaoin' eile. Mìneachadh cudromachd aonta air luachan is amasan ann an cumail suas dhàimhean gaoil agus feiseil, mar eisimpleir, spèis do chàch a chèile, aonta mu fheise. A' dèanamh sgaradh eadar cumhachd agus mì-fheum cumhachd ann an dàimhean, mar eisimpleir, spèis, earbsa, fòirneadh, aonta. A' sealltannan nan sgilean a dh'fheumar airson suidheachaidhean dùbhlachanach ann an dàimhean a làimhseachadh, a' gabhail a-steach dhàimhean feseil, mar eisimpleir, co-rèiteachadh, co-fhaireachdann, ruighinn cho-dhùnaidhean.

Amasan Ionnsachaidh

- Gum meòraich daoin' òga na tha a' dèanamh deagh dhàimh, agus dè na h-èolasan ann an dàimh a dh'fhaoadadh dragh a chur orra no a bheireadh orra dàimh a thoirt gu crìch.
- Gun rannsaich daoin' òga nas urrainn buaidh a thoirt air roghainnean mu bhith a' dèanamh dàimh fheiseil, agus ma thachras sin, cò ris a dh'faodadh dàimh fheiseil a bhith coltach.
- Gum meòraich daoin' òga air co-dhiù a tha iad deiseil airson dàimh feseil, agus gam brosnachadh gus dàil a chur air feseil gus am bi iad deiseil.
- Gum beachdaich daoin' òga air 'còraichean dàimh'.

Slatan-tomhais

- 'S urrainn dhomh innse na bhiodh deagh dhàimh a' ciallachadh dhòmhsha.
- Tha mi a' leasachadh sgilean agus misneachd gus co-dhùnaidhean a dhèanamh mu na dàimhean pearsanta agam, a' gabhail a-steach dhàimhean feiseil.

Goireasan-taic

- Prop: **The good relationship jigsaw**
- Post-its
- Bileag: **Know your relationship rights**

Obair

1. Tòisich an t-sreath leasanan mar seo: Sna seiseanan a tha romhainn bidh daoin' òga a' smaoineachadh mu dhàimhean – dè bhiodh a' dèanamh deagh dhàimh, dè na seòrsaichean rudan a dh'fhaodadh tachairt ann an dàimh a bhiodh iad airson a sheachnad no a dh fhaodadh a bhith a' ciallachadh gum bu chòir dàimh a chriochnachadh. Mar sin, tha seo mu dheidhinn faireachdainnean làidir a bhith agad do chuideigin, a' smaoineachadh orra mar bhràmair. Bidh daoine òga cuideachd a' smaoineachadh mu dhàimh fheiseil a bhith aca agus dè bhiodh agus nach biodh iad ag iarraidh às. Nuair a tha iad a' smaoineachadh mu na rudan sin, chan ann air sgàth gu bheil dùil gu bheil no gum bu chòir dhaibh a bhith ri feise, tha e mu bhith a' beachdachadh air dè as fheàrr dhaibh mar neach fa-leth.
2. **An deagh dhàimh.** Thoir a-steach a' chiad ghniomh buidhne/dithis. Tha seo mu bhith a' smaoineachadh mun t-seòrsa dàimh a dh'iarradh iad, cleachd am prop/mìrean-measgaichte. 'S e **An deagh dhàimh** an t-ainm a th' air – air gach pìos de na mìrean-measgaichte, iarr air na daoin' òga rud a sgrìobhadh no dealbh a dhèanamh de rud a shaoileadh iad a dhèanadh deagh dhàimh. 'S dòcha gum bi eas-aonta ann, tha sin ceart gu leòr, bruidhnidh sibh mu dheidhinn.

Às dèidh ùine gu leòr iarr faigh fios-air-ais, dèan sgrùdadadh air na tha cumanta agus inntinneach sna freagairtean. Càit a bheil aonta no eas-aonta sna buidhnean no sa chlas?

3. **Tha e toinnte.** A' gluasad air adhart, mìnich dhan òigridh gur e 'tha e toinnte' an t-ainm a th' air an ath chuspair. Inns gum faod dàimhean a bhith iom-fhillte, gu bheil an dàimh a tha sinn dha-rìribh ag iarraidh a' ciallachadh a bhith a' dèiligeadh ri stuth a tha a' tighinn san rathad. Mar sin, iarr air buidhnean a dhol air ais chun a' mhìrean-measgaichte aca agus notaichean a chur air post-its de rudan a tha a' cur bacadh air an 'deagh dhàimh' air an tug iad iomradh/do smaoinch iad – faodaidh grunn rudan a bhith ann a nì cùis iom-fhillte. Iarr orra am post-it a chur air a' phìos a tha iom-fhillte. Airson an cuideachadh a' töiseachadh, iarr aon eisimpleir bho aon de na buidhnean: *Thuirt sibh gum biodh deagh dhàimh... Dè na rudan a dh'fhaodadh bacadh a chur air an sin?*

Às dèidh ùine gu leòr, faigh fios-air-ais. Nuair a tha iad ag innse dè th' air na post-its, cuir seachad beagan ùine a' sgrùdadadh/a' faighneachd dhan bhuidheann no dhan chlas dè b' urrainn dhaibh a dhèanamh gus dèiligeadh ri cuid de na duilgheadasan a thig am bàrr.

4. Brosnaich còmhchradh ann am buidhnean beaga agus an uair sin mar chlas mun cheist: **Nuair a tha sibh a' smaoineachadh mu dhàimhean, cò tha nan deagh eisimpleir nur beachd-se?** Iarr air a' bhuidheann smaoineachadh mu chupallan. Can riutha gum faod iad a bhith nan daoine as aithne dhaibh (co-aoisean no teaghach), dh'fhaodadh iad a bhith nan daoine iomraiteach a tha nan deagh eisimpleir de

dhàimhean. Ma tha fònaichean no tablaidean agaibh, dh'fhaodadh iad dealbhan de na cupallan a shealltainn. Carson a tha iad nan deagh eisimpleir? Dè tha math mun deidhinn?

5. **Còraichean dàimh.** Thoir a-steach an teirm còraichean dàimh. Faighnich dè tha iad a' tuigsinn bhon teirm seo. A bheil beachd aig neach sam bith air còir a bu chòir a bhith agad ann an dàimh? Faic ciamar a thig dhan chòmhradh, an uair sin sgaoil a' bhileag: **Know your relationship rights.** Cuir seachad ùine a' leughadh troimhe agus freagair ceistean agus soilleirich puingean sam bith. 'S dòcha gum biodh e feumail ruith thairis air a' phuing mu bhith a' ruighinn cho-dhùnaidhean eadar-dhealaichte "fiù 's ged a bhiodh tu air aontachadh roimhe".
6. **Airson crìochnachadh,** thoir taing dha na daoin' òga airson pàirt a ghabhail agus inns dhaibh gum bi na còmhraidhean agaibh mu dhàimhean agus na tha gan dèanamh math a' leantainn san ath sheisean.

Ceangal ris an dachaigh

Ma tha e comasach brath teacs no post-d goirid a chur dhachaigh gu pàrantan/luchd-cùraim, dh'fhaodar an teacsa seo a chleachdadadh:

Tha sinn a' tòiseachadh air sreach de leasanan air a bheil **Dèan gu math e.** Bidh sinn a' dèanamh sgrùdadh air dàimhean agus na dh'fhaodadh a bhith gan dèanamh math no dè dh'fhaodadh toirt air neach òg dàimh a thoirt gu crìch. Bidh na gnìomhan cuideachd a' sgrùdadh na dh'fhaodas buaidh a thoirt air roghainnean mu bhith a' dèanamh dàimh fheiseil, agus ma thachras e, cò ris a dh'fhaodadh dàimh fheiseil dheimhinneach a bhith coltach. Gheibh daoin' òga taic gus beachdachadh co-dhiù a tha iad deiseil airson dàimh fheiseil, bithear gam brosnachadh gus dàil a chur air feise gus am bi iad deiseil. Bidh daoin' òga a' gabhail pàirt ann an tòrr chòmhraidhean sa chlas mu na cùisean seo, bithear gam brosnachadh gus bruidhinn riut mu chuid dhiubh sin.

Tha goireasan ionnsachaidd eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo

- Ciamaid a bhios fios agad gu bheil thu deiseil airson feise?
- An dàimh a tha mi ag iarraidh dhomh fhìn
- Ciamaid agus carson a bu chòir dàimh a chrìochnachadh?

Nòtaichean Tidseir